



## Tìotal: Coltachd, Iomadachd agus Spèis Pàirt 2: Tha sinn Coltach agus Ao-coltach

Ìre: A' CHIAD

### Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
Tha mi ag aithneachadh gu bheil sinn coltach agus aocoltach ri cach-a-chèile ach nach eil duine an aon rud ri duine eile. HWB1-47a	<ul style="list-style-type: none"><li>• Ag aithneachadh gu bheil gach neach gun shamhail agus ag aithneachadh rudan a tha coltach agus ao-coltach.</li><li>• A' mìneachadh gu bheil fàs agus tighinn air adhart gach neach eadar-dhealaichte.</li></ul>

Tha na gnìomhan air goireas nàiseanta RSHP a' toirt stiùireadh a thaobh nan Eòlasan/Builean agus na Slatan-tomhais a tha a' buntainn ri RSHP ann an raon Slàinte is Sunnd. Faodaidh an tidsear/neach-foghlaim ceanglan a dhèanamh ri raointean curraicealaim eile. A thaobh a' ghnìomh seo, tha ceanglan soilleir ann ri sunnd inntinneil, faireachail, sòisealta agus corporra, agus mar sin tha na h-eòlasan agus na builean iomchaidh air an comharrachadh an seo:

- Nuair tha mi a' rannsachadh nan còraichean air a bheil mi fhìn agus daoine eile airidh, 's urrainn dhomh na còraichean sin a chur an gnìomh ann an dòigh iomchaidh agus gabhail ris na dleastanasan a tha nan cois. Tha mi a' sealltainn spèis do chòirichean dhaoine eile. HWB 1-09a
- Tha mi a' tuigsinn gu bheil an co-mheasgachadh fhèin de chomasan agus de fheuman aig gach neach fa leth. Tha mi a' cuideachadh mo choimhearsnachd sgoile gu bhith a' cur luach air gach neach fa leth agus gu bhith a' cur fàilte air na h-uile. HWB 1-10a

### Amasan Ionnsachaidh

- Gun ionnsaich clann mun deidhinn fhèin, mu na tha gan dèanamh gun shamhail agus mu iomadachd.

### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh eisimpleirean a thoirt air na tha gam dhèanamh nam neach fa leth agus gun shamhail.
- Bidh mi a' sealltainn spèis do dhaoine eile.

### Goireasan-taic

- Duilleag-obrach/Prop

## Obair

1. A' leantainn air an leasan mu dheireadh, bidh feum aig a' chloinn air na dealbhan aca airson an sealltainn. Iarr orra obrachadh còmhla ri caraaid (nan dithisean). An toiseach tha aca ri bruidhinn rin caraaid mu na portraidean aca. Iarr orra làmh a chumail suas agus na corrigan aca a ghluasad. Tha aca ri 5 rudan innse dha chèile mun deidhinn fhèin a chuir iad san dealbh aca agus an cunntadh a' cleachdadh an corrigan.
2. Fhathast ag obair còmhla ri caraaid, bu chòir do gach paiste duilleag-obrach fhaighinn le toiseach sheantansan sgrìobhte oirre. Mìnich dhaibh gu bheil aca ri bruidhinn ri chèile agus a chèile a chuideachadh a' lionadh nam freagairtean mar a tha iad a' dol air adhart. Cuir an cuimhne na cloinne gur ann mun deidhinn-san a tha na freagairtean air an duilleig aca agus nach eil freagairtean sam bith ceart no ceàrr; chan eil cudromach ach na th' aca ri ràdh. Anns gach dithis, dh'fhaoite gum bi na freagairtean aca gu math coltach no buileach eadar-dhealaichte. Ma tha e na chuideachadh, cleachd feadhainn de na promtaichean mar eisimpleir mus tòisich iad. 'S dòcha gum bi feadhainn dhen chloinn feumach air cuideachadh a' tomhas àirde agus a' cumail cuimhne air meud bhrògan.
3. A-nis, iarr air a' chloinn cruinneachadh còmhla agus suidhe ann an cearcall, ri taobh an caraaid. Còmhla rin caraaid, iarr orra bruidhinn mu na freagairtean aca agus freagairtean a lorg a tha coltach agus ao-coltach bho fhreagairtean eile. An robh barrachd fhreagairtean ann a bha coltach? Eadar-dhealaichte? Iarr air a' chloinn an làmhan a chur suas airson coimeas a dhèanamh.
4. Mar aon bhuidheann, iarr air gach pàiste aon de na pìosan fiosrachaidh bhon duilleig aca a leughadh agus cantainn co-dhiù a tha an aon fhreagairt no freagairtean eadar-dhealaichte acasan agus aig an caraaid. Faighnich ceistean eile mar a thèid thu air adhart, mar eisimpleir: An do chuir freagairt do charaid iongnadh ort? Dè an rudan ùra a fhuair thu a-mach mu do charaid an-diugh?
5. Crìochnaich le bhith ag ràdh gu bheil rudan anns a' bhuidheann/sa chlas seo a tha gar ceangal, gar dèanamh coltach ri chèile, agus rudan a tha gar dèanamh eadar-dhealaichte - nach sinn a tha nar cruinneachadh inntinneach de dhaoine sònraichte!

## Ceangal ris an dachaigh

Dh'fhaodadh a' chlann 2 chopaidh den duilleag-obrach a thoirt dhachaigh leotha airson a dhèanamh còmhla ri cuideigin aig an taigh. Dh'fhaodadh sibh na leanas a chur ann an nota: Tha sinn a' leantainn oirnn leis an obair a' coimhead air na tha gar dèanamh coltach agus eadar-dhealaichte. Tha a' chlann ag ionnsachadh mu bhith a' tuigsinn agus a' toirt spèis do rudan a tha eadar-dhealaichte am measg dhaoine. Seo rud spòrsail a rinn sinn san sgoil, agus is dòcha gum b' urrainn dhuibh seo a dhèanamh còmhla aig an taigh.

## Tha goireasan RSHP eile air a' chuspair seo rim faighinn

- Tha mise gun shamhail: An fhèin-phortraid agam
- Balaich agus nigheanan
- Ciorramachd
- Eile-sheòrsach, Leasbach, Gèidh agus Dà-sheòrsach

## Notaichean tidseir

